



Saorfhòn Cuideachaidh  
**0800 907 8518**

Dimàirt agus Dihaoine 9m – 3f

## Cò sinn?

Chuireadh Ehlers Danlos Support UK (EDS UK) air dòigh ann an 1987 gus taic, comhairle agus fiosrachadh a chumail ri feadhainn le tinneas an Ehlers-Danlos. Bidh sinn gan cuideachadh beatha làn, beothail agus saorsainneil a bhith aca. Is sinne an taon bhuidheann-charthannais a tha stèidhichte am Breatainn a bhios gu h-iomlan a' riochdachadh agus a' cuideachadh daoine le gach seòrsa de EDS agus HSD.



Ceistean/Ballrachd/  
Cruinneachadh-iomhais  
**0800 246 1391**



Post-d  
**advice@ehlers-danlos.uk**



Làrach-lìn  
**ehlers-danlos.uk**



Meadhanan sòisealta  
**@ehlersdanlosuk**



YouTube  
**@ehlersdanlossupportuk**



## Buidhnean taic

Tha buidhnean taic againn air feadh na RA, air an ruith leis na saor-thoilich againn, air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh.

Gus faighinn a-mach cò an co-òrdanaiche ionadail agad, tadhail air **ehlers-danlos.uk/support**



Bithear a' cumail tachartasan agus co-labhairtean gu cunbhalach gus ar coimhearsnachd a thoirt còmhla, a' cruthachadh litreachais agus bathair gus tuigse adhartachadh, agus gus piseach a thoirt air cùram an tinneis. Tha mòran buidhnean taic againn air feadh na rìoghachd a chumas lìonradh taic seisean ri na buill, an dà chuid aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne.

Tha sinn a' ruith saorfhòn a tha ann do na h-uile, nam measg feadhainn le EDS agus HSD, caraidean, luchd-dàimh, luchd-cùraim agus luchd-obrach slàinte proifeiseanta.

Tha EDS UK a' spàirn gus foghlam a chumail ri luchd-meidigeach, leantainneachd cùraim adhartachadh, breithneachadh lèigh ceart a leasachadh agus fiosrachadh a chumail mu chùram shònraichte.

Bidh sinn cuideachd a' toirt taic do rannsachadh deatamach gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air EDS agus HSD, a riaghladh a leasachadh agus taic a thoirt do chom-pàirteachadh euslaintich ann an rannsachadh gus bunait fianais a thogail.



## Ballrachd ann an coimhearsnachd EDS UK

Ma gheibh sibh ballrachd EDS UK, bidh cothrom agaibh air na buidhnean taice is irisean, fiosrachadh agus fada a bharrachd. Tha ur ballrachd gar cuideachadh le bhith a' cumail suas taic, tagrachd is iomairtean a' charthannais air ur sgàth-se. Tadhair air **ehlers-danlos.uk** airson tuilleadh fiosrachaidh.

'S e Ehlers-Danlos Support UK Buidheann-charthannais clàraichte ann an Sasainn sa Chumrigh (1157027) agus an Alba (SC046712). Àireamh Companaidh Clàraichte 8924646. Seòladh Clàraichte: EDS UK, International House, 66 Lavender Hill, London, SW11 5RQ

# Taic agus fiosrachadh

airson daoine air a bheil buaidh aig sionndroman Ehlers-Danlos (EDS) agus eas-òrdughan speactram gluasaid cus (HSD)

**Gàidhlig/Gaelic**


**ehlers-danlos.uk**

Is iad tinneasan Ehlers Danlos (EDS) seòrsa de aimlisgean ginteil far a bheil anmhainneachd ann am maothrain ceangal a' chuirp air sgàth mùthadh gine. Bidh seo a' ciallachadh maothrain anabarrach maoth agus ro lùbach air feadh a' chuirp a dh'fhaodas grunn thrioblaidean adhbhrachadh.

## Comharraidhean agus trioblaidean a chithear

Bheirear iomradh air an fheadhainn as bitheanta an seo. Ged a bhios beatha làn agus beothail aig iomadh neach le EDS, chithear ciorram corparra agus cuiridh cuid de sheòrsaichean EDS crìochan air beatha. Chan fhaicear na comharran a dh'ainmichear ann an gach neach le EDS agus chan eil an liosta seo ag ainmeachadh gach comharra.

- **Altan ro lùbach** (altan sgaoilte, cugallach a dh'adhbhraicheas di-ionadachadh agus leth di-ionadachadh)
- **Pian cràidhteach, sgaoilte**
- **Sgleò eanchainn agus sgiths**
- **Craiceann ro shinteach gu ìre**, mall gu leighis, luath gu bruthadh agus leòn
- **Duilgheadas/trioblaid goile sa chaolain**
- **Trioblaidean nan leithean** (a' gabhail a-steach PoTS)
- **Trioblaidean leis a' ghiall (TMJ)**
- **Cugallachd maothrain san fharsaingeachd** ag adhbhrachadh mam-sice, neo-sheasmhachd muineal na machlaig, tuiteam làr iochdar na bronna agus trioblaidean le mùn
- **Uireasbhaidh ann an cìochag cridhe mitral** (chan eileas cho dona mar as trice le hEDS)
- **Nas lugha buaidh aig anaesthetic earrann den chorp**
- **Marfanoid habitus** (a bhith àrd, caol le corragan is òrdagan fada)



- **Craiceann ro shìnteach, luath gu bruthadh, so-leònmhor, mall gu leighis, agus a’ fulang le claisean**
- **Cugallachd maothrain san fharsaingeachd** ag adhbhrachadh mam-sice, neosheasmhachd muineal na machlaig agus cugallachd iochdar na bronna
- **Altan ro lùbach** (altan sgaoilte, cugallach a dh’adhbhraicheas diionadachadh agus leth di-ionadachadh)
- **Coltas seann-aois a’ laighe tràth**
- Is trice a bhios **comharran craiceann** nas faicsinniche na ann an hEDS

- **Craiceann tana so-leònmhór, cuislean a chithear, luath gu bruthadh agus mall gu leighis**
- **Cuislean so-leònmhór** a dh'adhbhraicheas sèideadh is briseadh cuisle
- **Buill cuirp so-leònmhór** a dh'adhbhraicheas sgàineadh ann am ball chuirp (caolan no aotraman mar as trice)
- **Altan beaga ro ghluasadach** (corragan)
- **Bilean tana, sròn bhiorach, ailleagan cluas beaga agus sùilean ri sginneadh**
- **Bacadh gluasad alt** air sgàth ceanglachan goirid
- **Pneumothorax** (sgamhan teannaichte)
- **Talipes equinovarus** (cuag-chas) a chithear nuair a rugadh neach
- **Sineadh beatha nas giorra**

- Is tric a nithear breithneachadh ceàrr no dìmeas air EDS, is beachd ann nach eil an leithid ann
- Faodaidh cuid a bhith a' feitheamh còrr agus 10 bliadhna mus fhaigh iad breithneachadh-lèighe
- Bheirear air cuid creidsinn gu bheil trioblaid slàinte inntinn orra
- Faodar casaid droch-dhiol chloinne a chur às leth phàrantan air sgàth nan comharra a thig bhon tinneas.

Adhbharaidhidh an dith thuigse seo mu EDS dith chùraim, uallach agus coinneamhan gun adhbhar le na h-eòlaichean ceàrr. Tha cruaidh fheum air barrachd aithne mu EDS gu h-àraid am measg dotairean teaghlach.

- 'S e EDS tinneas maothrain-ceangail, aithnichte a ruitheas tro na ginealaichean agus a nochdas ann am mòran diofar dhòighean
- Fiù 's nuair a gheibhear am breithneachadh lèighe ceart is tric a gheibhear an cùram ceàrr
- Faodaidh cùram mì-iomchaidh ciorram ionsheachnach agus cor beatha nas miosa adhbhrachadh.

**Is tric a thig EDS is HSD an cois is thairis air tinneasan eile leithid ME/CFS, POTS, Long Covid agus Mast Cell Activation.** Feumaidh seo dòigh iomlanach air diagnos agus làimhseachadh.

- Chan eil gu leòr seirbhisean sònraichte EDS tron RA
- Tha trioblaidean an cois EDS a' ciallachadh gur tric nach eil e furasta do euslaintich astaran fada siubhal. Tha cruaidh fheum air feadh na RA air seirbhisean cùraim EDS a tha faisg air làimh, cunbhalach agus ioma-chuspaireach gus am faighear leantainneachd cùraim cinnteach.

Tha fiosrachadh sònraichte againn air an làrach-lìn againn, **ehlers-danlos.uk**, airson dotairean-teaghlaich, proifeiseantaich slàinte, suidheachaidhean foghlaim agus fastaichean. Airson co-labhairtean-lìn fiosrachaidh, thoir sùil air an t-sianal Youtube againn: **@ehlersdanlossupportuk**